

TOGAIL AGUS CLEACHDADH

Stiùireadh do Thagraichean



BÒRD NA GÀIDHLIG

'S ann ri Bòrd na Gàidhlig, Buidheann Leasachaidh na Gàidhlig, a tha e an urra cànan is cultar na Gàidhlig a chur air adhart tro Alba gu lèir agus gu h-eadar-nàiseanta.

Chaidh am Bòrd a stèidheachadh fo chùmhntan Achd na Gàidhlig (Alba) ann an 2005. 'S e rùn na h-Achd Gàidhlig a chur air adhart gu poblach ann an Alba, a bhrosnachadh is a chur taic ri barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig sa choimhearsnachd, san àite-foghlaim is san àite-obrach.

PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG 2007 - 2012

Tha an Achd a' cur dleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta don Ghàidhlig a dhealbh. Chaidh a' chiad Phlana a chuir air bhog anns a' Mhàrt 2007 agus tha e a' cur fo ar comhair measgachadh de dh'innleachdan is pròiseactan co-obrachaidh a chuireas ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig agus a nì cinnteach gum bi inbhe na Gàidhlig tèarainte.

Tha am Plana Nàiseanta a' bualadh gu sònraichte air àrdachadh is leasachadh na cànan gus barrachd dhaoine a brosnachadh gu h-ionnsachadh is gu cleachdadh, a thuilleadh air dòighean a mhìneachadh air a h-inbhe a leasachadh.

Bha leasachadh a' Phlana Nàiseanta air a threòrachadh le ceithir prionnsabalan planadh cànan a tha stèidhichte agus eadar-cheangailte, agus a tha air suidhichidhean leasachadh mion-chànain ann an dùthchannan eile a stiùireadh:

- **Togail cànan** – meudachadh air an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi an cànan air a thoirt seachad agus le bhith a' faighinn cothroman èifeachdach airson Gàidhlig ionnsachadh
- **Cleachdadh cànan** – brosnachadh barrachd cleachdadh na Gàidhlig, toirt cothroman air a' chànan a chleachdadh, agus adhartachadh cothrom air modhan labhairt Gàidhlig
- **Inbhe cànan** – meudachadh air na tha de Ghàidhlig air fhaicinn agus air a chluinntinn, gus aithne air a leudachadh agus gus ìomhaigh fhiughaireachd a chruthachadh don Ghàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba
- **Corpas cànan** – neartachadh air ìomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig, agus adhartachadh rannsachadh air a' chànan

Tha e na ghrad-phrìomhachas ceuman a ghabhail a chumas àireamh luchd-labhairt òga na Gàidhlig aig ìre chunbhalach, sheasmhach air am faodar togail san àm air thoiseach.

TAIC-AIRGID TOGAIL AGUS CLEACHDADH

Tha taic-airgid Togail agus Cleachdadh ceangailte ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha e ag amas air dà phrìomh raon a tha air an comharrachadh anns a' Phlana Nàiseanta. Cuiridh e taic ri pròiseactan ùra coimhearsnachd a tha a' neartachadh togail agus cleachdadh na Gàidhlig anns an **dachaigh** agus am measg **na h-òigridh**, aois 12 –24 bliadhna.

Thathar a' moladh do thagraichean stiùireadh fhaighinn bhon Phlana Nàiseanta mus cuir iad iarrtas a-steach airson taic-airgid Togail agus Cleachdadh.

SLATAN-TOMHAIS AGUS MEASADH IARRTASAN

Feumaidh gach iarrtas dearbhadh gu bheil deagh fheum air maoineachadh mus tèid aontachadh taic-airgid a thabhann.

Cleachdaidh Bòrd na Gàidhlig na slatan-tomhais gu h-ìosal nuair a bhios iarrtasan gam measadh. A bheil am pròiseact:

- A' neartachadh togail is cleachdadh na Gàidhlig anns an **dachaigh**?*
- A' neartachadh togail is cleachdadh na Gàidhlig am measg **na h-òigridh**?*
- A' tabhann dòigh ùr air ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh?
- A' nochdadh comas liubhairt?
- A' toirt luach airson airgid?

*Feumaidh pròiseactan co-dhiù aonan de na slatan-tomhais seo a choileanadh.

A' CUR A-STEACH IARRTAS

Airidheachd

Faodaidh buidhnean coimhearsnachd le bun-stèidh, companaidhean earranta, co-chomainn no com-pàirteachais iarrtas a chur a-steach. Mur a bheilear cinnteach gu bheil am pròiseact agaibh freagarrach air an sgeama seo cuiribh fios chun na h-Oifigear Thabhartasan aig Bòrd na Gàidhlig.

Ìre taic

Tha luach airgid £50,000 air a chomharrachadh uile gu lèir airson na bliadhna ionmhais 2007-08. 'S e £2,500 an taic-airgid as àirde a tha ri fhaighinn airson gach pròiseact. Thathar a' brosnachadh thagraichean gus feuchainn ri taic-airgid agus cuideachadh a bharrachd fhaighinn bho bhuidhnean eile far an gabh sin dèanamh.

Àireamh iarrtasan

Gabhaidh Bòrd na Gàidhlig suas ri dà iarrtas fa leth bho gach buidheann.

Co-dhùnaidhean air iarrtasan

Thèid fios gu tagraichean air co-dhùnaidhean nan iarrtas ro 21 Dùbhlachd 2007. Ma thèid taic-airgid aontachadh thèid litir-tairgse chun an tagraiche le na cùmhnantan a tha an lùib an airgid agus na toraidhean ris am bheil dùil bhon phròiseact.

Ag aithris is a' sgrùdadh adhartais

Feumaidh Bòrd na Gàidhlig aithrisg eadar-amail agus aithrisg dheireannach fhaighinn air cho soirbheachail 's a bha a' phròiseact air na toraidhean a choileanadh. Feumaidh pròiseactan a tha a' faighinn taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig an taic seo aithneachadh a h-uile cothrom a gheibh iad.

A' pàigheadh taic-airgid

Feumaidh taic-airgid a tha ga aontachadh bho mhaoin Togail agus Cleachdadh a chosg gu beagnaich ro 31 Màrt 2008.

TUILLEADH FIOSRACHAIDH

Oifigear Thabhartasan
Bòrd na Gàidhlig
Darach
Fèith nan Clach
Inbhir Nis
IV2 7PA

Fòn: 01463 225454
Facs: 01463 716217
Post-dealain: tabhartas@bng.org.uk
Làrach-lìn: www.bord-na-gaidhlig.org.uk